

Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (Alba) – Ceistean is Freagairtean – seiseanan conaltraidh

Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh	2
Structaran Ionadail	3
An t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta agus leasachadh a' Bhile	5
Lagh Anna.....	7n
Co-dhealbhadh.....	8
Còraichean air foisean airson luchd-cùraim	10
Seirbheisean a bharrachd	11
Ionmhas	13
Clàr Cùram Sòisealta agus Slàinte.....	14
Riaghladh	15
Cunntachalachd agus Dleastanas Ministearan na h-Alba	16
Coimiseanadh agus Solarachadh.....	19
A' toirt piseach air seirbheisean	21
Gearanan agus Ceartachadh	23
Feachd-obrach agus Obair Chothromach	24
An Treas Roinn	26

Facal-tòiseachaidh

Chaidh Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (Alba) a thoirt a-steach dhan Phàrlamaid air 20 Ògmhios 2022.

Chùm Riaghaltas na h-Alba grunn thachartasan conaltraidh san luchar agus san Lùnastal gus cur ri tuigse dhaoine air a' Bhile. A chionn 's gur e sgrìobhainn a th' ann a tha moladh atharrachaidhean san lagh, chailleadh e an ciall laghail aige nan rachadh a chur ann an cruth Easy Read. Tro na seiseanan conaltraidh seo, bha cothrom aig daoine ceistean a chur. Uile gu lèir, fhuair sinn còrr is 300 ceist bhon phoball agus bho luchd-ùidh.

Fhuair sinn mòran cheistean a bha coltach ri chèile, agus mar sin an àite a bhith a' freagairt gach ceist fa leth tha sinn air na ceistean a chur còmhla far an gabh sin dèanamh gus Ceistean is Freagairtean ruigsinneach a dhèanamh.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu Bhile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (Alba) anns a' mheòrachan poileasaidh agus sa mheòrachan ionmhais: [Mar a chaidh a thoirt a-steach | Làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba](#)

Bha freagairtean nan ceistean seo ceart air 30 Samhain 2022.

Structaran Ionadail

Bùird cùraim: dè a th' annta agus am bi iad air am filleadh a-steach?

- Dh'aithris an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cùram Sòisealta nan Inbheach agus Sgrùdadh Alba nach eil na dòighean-obrach a th' ann an-dràsta air na leasachaidhean a choileanadh ris an robhar an dùil tro amalachadh cùram slàinte is sòisealta a thoirt gu buil agus mhol iad An t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a chruthachadh.
- Thathar a' moladh gum bi uallach air na bùird cùraim airson dealbhadh agus libhrigeadh gnìomhan slàinte coimhearsnachd, obair shòisealta agus cùram sòisealta aig ìre ionadail.
- Leasaichidh bùird cùraim ionadail taic do dhaoine aig ìre ionadail agus nàiseanta agus iad ag obair còmhla mar phàirt den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta agus leis an NHS, ùghdarrasan ionadail, an treas roinn agus an roinn neo-eisimeileach.
- Tro cho-dhealbhaidh beachdaichidh sinn air an dòigh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gum bi co-obrachadh èifeachdach ann le seirbheisean eile leithid taigheadas, foghlam, agus obair poileis leis an fheadhainn aig a bheil eòlas beatha agus le luchd-ùidh.

Dè thachras do na Co-Bhùird Amalaichte (IJBan) agus Com-pàirteachasan Slàinte is Cùram Sòisealta (HSCPan)?

- Bidh uallach air na bùird cùraim airson gnìomhan cùram sòisealta a tha an urra ri ùghdarrasan ionadail aig an àm seo, agus bidh uallach orra cuideachd gus seirbheisean slàinte coimhearsnachd a phlanadh agus a choimiseanadh.
- Tha sinn airson co-dhealbhaidh agus co-chomhairleachadh farsaing a dhèanamh le com-pàirtichean agus luchd-ùidh mun dòigh as fheàrr gus an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a sholarachadh a libhrigeas an dà chuid cunbhalachd nàiseanta agus sùbailteachd ionadail.
- Bidh buaidh aig na molaidhean air HSCPan air am bi sinn airson obrachadh troimhe mar phàirt den phròiseas co-dhealbhachaidh agus ann an co-chomhairle le buidhnean com-pàirteachais.
- Bidh bùird cùraim nan eadar-aghaidhean ùra eadar an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta aig ìre nàiseanta, luchd-co-dhùnaidh ionadail agus na sgiobaidhean a libhrigeas foincseanan amalaichte. Thèid an dòigh anns a bheilear a' libhrigeadh sheirbheisean san àm ri teachd a chruthachadh tro co-dhealbhachaidh agus co-chomhairleachadh a bharrachd.
- Aig ìre nàiseanta stèidhichidh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta cunbhalachd càileachd agus ruigsinneachd air cùram sòisealta air feadh na dùthcha. Suidhichidh e an ro-innleachd agus an stiùireadh a' gabhail a-steach coimiseanadh beusach agus Obair Chothromach.
- Aig ìre ionadail bidh dleastanas agus sùbailteachd aig bùird-cùraim seirbheisean a phlanadh, a dhealbhaidh agus a choimiseanadh gu h-ionadail gus coinneachadh ri feumalachdan na coimhearsnachd aca le taic bho dhaoine le eòlas beatha.
- Bheachdaich Riaghaltas na h-Alba air grunn roghainnean eile a tha air am mìneachadh anns a' mheòrachan poileasaidh. Tha sinn misneachail gun tog bùird cùraim air na h-eileamaidean soirbheachail de dh'amalachadh agus aig an

aon àm gum bithear a' gluasad cunntachalachd airson cùram sòisealta do Mhinistearan na h-Alba a rèir iarrtas muinntir na h-Alba.

- Tha e na phrìomhachas a bhith a' faighinn a' chothromachaidh cheart eadar a bhith a' daingneachadh cunbhalachd nàiseanta càileachd seirbheis, agus sùbailteachd ionadail gus dèiligeadh ri diofar shuidheachaidhean.
- Tha riaghaltas ionadail na chom-pàirtiche cudromach ann a bhith a' libhrigeadh cùram sòisealta an-dràsta agus leanaidh seo nuair bhios sinn a' cruthachadh dhòighean ùra gus cùram nas fheàrr a libhrigeadh air feadh na dùthcha.

Ciamar a bhios daoine air am fastadh le bùird cùraim?

- Is e am moladh gum bi na buidseatan aca fhèin aig bùird cùraim, gum bi comas aca an luchd-obrach aca fhèin fhastadh agus gum bi iad cunntachail gu dìreach do mhinistearan.
- Tha ullachadh ann am Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gum bi e comasach do Mhinistearan na h-Alba tuarastal agus cuibhreannan a phàigheadh do bhuill bùird cùraim.
- Bidh sinn a' co-dhealbhadh mion-fhiosrachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gus an sgòp deireannach, dleastanasan, gnìomh, structaran riaghlaidh, àireamhan, sgìre cruinn-eòlasach, nàdar, agus ballrachd bùird cùraim a chur air dòigh a bharrachd air beachdachadh air mar as urrainn dhuinn co-obrachadh a mheudachadh le buidhnean poblach eile.

Ciamar a thèid bùird cùraim a mhaoineachadh?

- Chaidh Meòrachan Ionmhais fhoillseachadh an cois a' Bhìle a tha a' mìneachadh an raon chosgaisean a dh'fhaodadh a bhith an lùib na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.
- Thug Ministearan na h-Alba seachad gealltanais manifesto gun rachadh caiteachas cùram sòisealta àrdachadh 25% thairis air beatha na Pàrlamaid, a' ciallachadh gum biodh co-dhiù £840 millean de thasgadh a bharrachd ann. Bheir seo taic do dh'fharsaingeachd de thasgadh a' gabhail a-steach raointean a bhios a' gluasad a dh'ionnsaigh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. Tha an tasgadh a bharrachd ann an cùram sòisealta co-cheangailte ri farsaingeachd de raointean a' gabhail a-steach sgioba-obrach, molaidhean an Lèirmheis Neo-eisimeileach, àrdachadh leantainneach air iarrtas agus gluasad a dh'ionnsaigh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.

Ciamar a nìthear cinnteach gun obraich bùird cùraim gu math anns na h-Eileanan?

- [Chaidh Measadh Buaidh Co-ionannachd nan Eilean fhoillseachadh san Ògmhios](#) agus tha e ag aithneachadh nan suidheachaidhean sònraichte a tha mu choinneamh nan coimhearsnachdan Eileanach againn.
- Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn pròiseas co-dhealbhachaidh a chumail le luchd-ùidh a' gabhail a-steach eòlas beatha dhaoine, solaraidhean seirbheis agus luchd-obrach slàinte is cùram sòisealta gus dèanamh cinnteach gun tèid bùird-cùraim a dhealbhadh agus a libhrigeadh. Bidh seo a' gabhail a-steach co-chomhairleachadh le riochdairean bho Choimhearsnachdan nan Eilean mun dòigh-obrach as fheàrr.

Ciamar a dh'obraicheas ballrachd, raon-ùghdarras agus riaghladh nam bòrd cùraim?

- Tha beagan ullachaidhean ann am Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta a tha a' buntainn ri bùird cùraim, ach tha ullachadh ann gun tèid na bùird cùraim a stèidheachadh tro dàrna reachdas, nach gabh a thoirt air adhart ach gus an tèid am Bile aontachadh.
- Thèid am mion-fhiosrachadh gus an sgòp, na dleastanasan, foincseanan, structaran riaghlaidh, àireamhan, sgìrean cruinn-eòlasach, agus ballrachd bùird cùraim a chruthachadh tro cho-dhealbhadh.
- Thèid seo a neartachadh le còmhraidhean mu mar as urrainn dhuinn co-obrachadh le buidhnean poblach eile a mheudachadh.
- Bidh e na phrìomhachas dèanamh cinnteach gu bheil na bùird air an stèidheachadh ann an dòigh gus an urrainn dhaibh seirbheisean àrd-inbhe a libhrigeadh a tha a rèir suidheachaidhean ionadail.

Am bi bùird cùraim a' riaghladh rèiteachaidhean cùmhnant aig Dotairean Teaghlaich?

- Às dèidh co-chomhairle air moladh an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cùram Sòisealta nan Inbheach, tha Riaghaltas na h-Alba air co-dhùnadh gum bi Bùird Slàinte NHS fhathast a' cumail chùmhnanntan dotairean teaghlaich.
- Chan eil sinn a' moladh atharrachadh sam bith a dhèanamh air rèiteachaidhean cùmhnant aig luchd-cunntaidh neo-eisimeileach eile (leithid fiaclairean, cungadairean coimhearsnachd is msaa).

An t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta agus leasachadh a' Bhile

Dè an t-adhbhar a th' aig a' Bhile agus carson nach eil cus mion-fhiosrachadh ann?

- Is e adhbhar Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (Alba) piseach a thoirt air càileachd agus cunbhalachd sheirbheisean sòisealta ann an Alba.
- Mhol an Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cùram Sòisealta Inbheach gun rachadh Seirbheis Chùraim Nàiseanta a chruthachadh, le Ministearan na h-Alba cunntachail airson taic cùram sòisealta inbheach.
- Dh'aontaich 72% den luchd-fhreagairt a fhreagair co-chomhairle na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gum bu chòir do mhinistearan a bhith cunntachail airson a bhith a' libhrigeadh cùram sòisealta, tron t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta.
- Tha e ro-chudromach gun tèid ath-leasachaidhean air taic cùram sòisealta, obair shòisealta agus seirbheisean slàinte coimhearsnachd a chruthachadh leis na daoine bhios a' cleachdadh na taic sin, a' gabhail a-steach luchd-cùraim gun phàigheadh, agus leis an fheadhainn a tha ga toirt seachad. Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn conaltradh a dhèanamh le daoine le eòlas beatha gus mion-fhiosrachadh an t-siostaim ùir a cho-dhealbhadh, gus structaran agus dòighean-obrach ùra aontachadh gus a' bheàrn eachdraidheil eadar rùn reachdail agus libhrigeadh a lùghdachadh.
- Air an adhbhar sin tha am Bile a' cruthachadh frèam airson Seirbheis Chùraim Nàiseanta, ach a' fàgail àite airson barrachd cho-dhùnaidhean a dhèanamh aig ìrean nas fhaide air adhart tro cho-dhealbhadh leis an fheadhainn aig a bheil

eòlas beatha air an t-siostam cùram sòisealta, agus sùbailteachd gus an leasaich an siostam thar ùine.

- Thèid cuid de na co-dhùnidhean sin san àm ri teachd a chur an gnìomh tro fho-reachdas agus bidh cuid eile a rèir poileasaidh agus cleachdadh. Nuair a thèid na co-dhùnidhean sin a chur an gnìomh tro fho-reachdas (fon Bhile seo no tro chumhachdan a bh' ann roimhe), thèid measaidhean buaidh ionmhais is riaghlaidh a thoirt seachad. Mar sin bidh cothroman a bharrachd aig a' Phàrlamaid sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidhean a bheir na h-ath-leasachaidhean a tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh air an t-siostam cùram sòisealta.
- Ach, tha Riaghaltas na h-Alba mothachail nach urrainn dhuinn feitheamh gus an tòisich an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta mus tòisich sinn air dèiligeadh ri dùbhlain ann an cùram sòisealta, agus sin as coireach gun deach Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (Alba) a thoirt a-steach dhan Phàrlamaid Diluain 20 Ògmhios. Tha sinn a' gabhail ceumannan aig an àm seo gus piseach a thoirt air na builean aig dhaoine a tha a' faighinn cùram is taic.
- Bidh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta air leth bho Sheirbheis Nàiseanta na Slàinte.

Dè mu dheidhinn àite a' Mhaoin Beatha Neo-eisimeileach (*Independent Living Fund* - ILF) anns an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Is e a' bhunait reachdail leantainneach airson gnìomhachd ILF Earrann 1A de dh'Achd NHS na h-Alba 1978 agus mar sin chan eil e a' tighinn fo Bhile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.

An tèid beachdachadh air cùisean bìdh co-cheangailte ri slàinte taobh a-staigh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta san àm ri teachd?

- Thathar a' dèanamh obair tro Riaghaltas na h-Alba air fad agus thathar air buidheann tar-phrògram a stèidheachadh. Bidh cùisean eile leithid An Gealladh, ceangailte ris.
- Tha Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (Alba) aig ìre àrd, agus chan eil e a' toirt iomradh air rudan mionaideach leithid biadh, ach bidh ullachadh mionaideach ann an riaghailtean.
- A bharrachd air sin, fo Achd Nàisean an Deagh Bhìdh (Alba) 2022 feumaidh Ministearan na h-Alba plana nàiseanta airson biadh math ullachadh.
- Tha an Achd a' cur an cèill gum feum am plana seo, am measg rudan eile, aire a thoirt dhan chothrom a bheir cùisean co-cheangailte ri biadh buaidh air builean co-cheangailte ri slàinte agus sunnd corporra is inntinn (a' gabhail a-steach gu sònraichte tro sholarachadh sheirbheisean slàinte is cùram sòisealta). Tha seo na dheagh chothrom gus dèanamh cinnteach gum beachdaichear mar as coir air a' cheangal eadar biadh is cùram-sòisealta.

Ciamar a tha stiùiridhean agus riaghailtean ag obair, agus dè an diofar eatorra?

- Tha am Bile a' moladh cumhachdan a thoirt do mhinistearan riaghailtean a dhèanamh no stiùireadh a thoirt seachad air diofar chùisean. Chan fhaod ministearan riaghailtean no stiùireadh a thoirt seachad ach a-mhàin taobh a-staigh crìochan na dh'aontaich a' Phàrlamaid ann an Achd (tha Bile na dhreachd

Achd). Feumaidh Pàrlamaid gabhail ri riaghailtean (no an diùltadh), ach chan urrainn dhith an atharrachadh. Chan fheum stiùireadh a dhol tron Phàrlamaid. Faodar an toirt dhan a h-uile buidheann no dìreach do chuid.

- Cruthaichidh obair co-dhealbhadh am poileasaidh air na bu chòir a bhith anns na riaghailtean agus an stiùireadh thairis air an ath bhliadhna no dhà. Aon uair 's gu bheil am Bile air aontachadh foillsichidh sinn clàr-ama gus riaghailtean a thoirt dhan Phàrlamaid.

Tha daoine ann an Alba aig nach eil còir laghail a bhith a' fuireach ann, a' fàgail nach fhaigh iad cothrom air seirbheisean cùram sòisealta, am biodh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta ri faighinn do dhaoine aig nach eil còir fuireach?

- Faodaidh daoine aig Nach Eil Cothrom air Airgead Poblach (*No Recourse to Public Funds* - NRPF) seirbheisean sòisealta fhaighinn. Is e mì-thuigse cumanta a th' ann nach fhaod daoine le inbhe NRPF cothrom fhaighinn air airgead agus seirbheisean poblach sam bith, leis gu bheil poileasaidh NRPF Riaghaltas na RA a' cuingealachadh ruigsinneachd gu dìreach cuid de mhaoinean poblach fo riaghailtean in-imrich.
- Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun dòigh-obrach againn gus taic a thoirt do dhaoine a tha fo ùmhachd NRPF gus taic agus seirbheisean fhaighinn anns an ro-innleachd *Ending Destitution Together*, a [chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba agus COSLA sa Mhàrt 2021](#).
- A bharrachd air sin, [gheibhear deagh chleachdadh airson luchd-obrach sòisealta no luchd-cleachdaidh eile co-cheangailte ri còraichean in-imrich - inbhich agus clann - air-loidhne cuideachd.](#)

Lagh Anna

A bheil plana ann Lagh Anna a leudachadh gu tadhal air ospadal?

- Tha an Riaghaltas airson dèanamh cinnteach gum bi e comasach do daoine an luchd-dàimh aca fhaicinn agus taic fhaighinn bhuapa. Ged nach eil e anns an reachdas aig an àm seo, tha sinn a' feitheamh ri beachdachadh na comataidh air a' Bhile aig ìre 1 agus beachdaichidh sinn air moladh sam bith a thèid a dhèanamh.

Carson a dh'fheumas sinn feitheamh ris an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta gus Lagh Anna fhaighinn?

- Leis gu bheil e na phàirt de Bhile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, leanaidh Lagh Anna an aon clàr-ama pàrlamaideach. Ach, aon uair 's gu bheil na h-ìrean pàrlamaideach deiseil, faodar Lagh Anna a chur an gnìomh a rèir clàr air leth agus chan fheum i feitheamh gus an tèid an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a stèidheachadh. Dh'fhoillsich sinn Inbhean Slàinte is Cùram Sòisealta ùra co-cheangailte ri bhith a' tadhal air daoine, a tha a' cur amasan Lagh Anna an gnìomh mar-thà.

A bheil lagh Anna a' riaghaladh an aghaidh co-dhùnadh sam bith a rinn Slàinte a' Phobail?

- Leigidh Lagh Anna le Ministearan na h-Alba Stiùiridhean mu thadhal a thoirt seachad. Agus sinn ag aithneachadh gum feumar dèanamh cinnteach gun obraich ministearan a rèir na comhairle as fheàrr a tha ri fhaighinn, nuair a bhios an Stiùireadh air ullachadh, bithear a' co-chomhairleachadh le Slàinte Phoblach na h-Alba agus buidhnean iomchaidh eile mus tèid an Stiùireadh fhoillseachadh. Aon uair 's gu bheil stiùiridhean air am foillseachadh, feumaidh a h-uile pàrtaidh an leantainn.

Co-dhealbhadh

Dè th' ann an co-dhealbhadh?

- Is e Co-dhealbhadh am pròiseas airson tuigse fhaighinn air na dh'fheumas daoine gus buil sònraichte a choileanadh, agus a bhith a' cruthachadh a h-uile pròiseas agus atharrachadh a dh'fheumar gus an toradh sin a libhrigeadh taobh a-staigh nan cuingeachaidhean a thaobh na tha comasach no ri fhaighinn.

Dè tha Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh a thaobh co-dhealbhadh?

- Tha ministearan air a bhith soilleir gum feum an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a bhith air a dealbhadh còmhla ris na daoine a chleachdas agus a libhrigeas taic cùram sòisealta.
- A thaobh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta tha sin a' ciallachadh a bhith a' tuigsinn na tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil taic cùram sòisealta agus seirbheisean buntainneach eile iomchaidh. Tha daoine a chleachdas agus a libhrigeas taic cùram sòisealta nan eòlaichean air mar a tha libhrigeadh taic cùram sòisealta ag obair an-dràsta agus is urrainn dhaibh comharrachadh mar as urrainn dhuinn piseach a thoirt air builean.
- Bheir daoine a tha ag obair ann an riaghaltas nàiseanta is ionadail agus buidhnean eile le gnàth-eòlas air a bhith a' libhrigeadh taic cùram sòisealta, no a' stiùireadh phrògraman atharrachaidh, seata eadar-dhealaichte de sgilean agus eòlas cudromach seachad.
- Tha Riaghaltas na h-Alba a' dealbhadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta ann an com-pàirteachas, a' togail tuigse cho-roinnte, a' smaoinneachadh air àm ri teachd nas fheàrr, agus a' cur an sàs na tha a dhìth gus a libhrigeadh.
- Tha an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta ann airson a h-uile duine, agus mar sin tha e cudromach gu bheil am pròiseas co-dhealbhachaidh ruigsinneach agus inghabhalach, agus gu bheil riochdachadh againn bho fharsaingeachd de dhaoine le diofar ghnàth-eòlasan agus bho sheirbheisean buntainneach eile agus tha sinn dealasach a bhith a' toirt seachad guth don fheadhainn a tha an eisimeil cùram sòisealta, luchd-cùraim gun phàigheadh, agus an luchd-obrach, ag èisteachd ris na feumalachdan aca agus a' cur an gnìomh na dh'innseas iad dhuinn.

Ciamar as urrainn dhuinn ar n-ùidh ann an co-dhealbhadh a chlàradh?

- Tha sinn air Pannal Eòlaichean Eòlas Beatha a chur air bhog agus tha sinn an dòchas eadar 1000 agus 1500 neach a thoirt a-steach dhan phannal.

- Faodaidh tu clàradh airson Pannal an Eòlais Beatha an seo: [Gabh pàirt ann a bhith a' dealbhadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta](#)
- Leanaidh obair co-dhealbhachaidh tro chùrsa na Pàrlamaid seo agus fiosraichidh e dealbhadh, libhrigeadh agus leasachadh leantainneach na Seirbheis Cùraim Nàiseanta thairis air na bliadhnaichean ri teachd.
- Tha e cudromach cuideachd gum bi com-pàirtichean libhrigidh agus prìomh bhuidhnean luchd-ùidh eile an sàs ann am planadh agus cruthachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.
- Sin as adhbhar gu bheil sinn air Clàr Luchd-ùidh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta a chruthachadh – gus an urrainn dhuinn tuigse a thogail air dè na buidhnean a tha airson pàirt a ghabhail ann an gnìomhan co-dhealbhachaidh san àm ri teachd.
- Tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri mòran bhuidhnean air cruthachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gu ruige seo, ach tha sinn fhathast airson cluinntinn bho gach cuid com-pàirtichean a tha ann mar-thà agus bho fheadhainn ùra.
- Faodaidh tu clàradh mar neach-ùidh an seo: [Gabh pàirt ann a bhith a' dealbhadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta](#)

Ciamar a nì sibh cinnteach nach eil cnapan-starra ann a thaobh co-dhealbhaidh?

- Tha an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta airson a h-uile duine agus tha sinn airson cluinntinn bhon a h-uile duine. Tha sinn a' co-chomhairleachadh le buidhnean luchd-ùidh aig a bheil eòlas beatha, gus faighinn a-mach dè an dòigh as fheàrr air taic a thoirt do dhaoine a tha a' tighinn a-steach dhan Phannal Eòlaichean Eòlas Beatha, gus a bhith a' faireachdainn cofhurtail agus misneachail pàirt a ghabhail ann an dealbhadh agus rannsachadh.
- Cuiridh sinn prìomhachas air a bhith a' gabhail a-steach daoine aig a bheil cnapan-starra a bharrachd a thaobh com-pàirteachaidh, aig a bheil feumalachdan sònraichte iom-fhillte, no a bhuineas do bhuidhnean dìonta mar a tha mìnichte ann an Achd na Co-ionannachd.
- Cruthaichidh sinn raon de roghainnean gus daoine a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail ann an dòigh a tha iomchaidh dhaibh, dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach còmhraidhean aghaidh-ri-aghaidh, còmhraidhean fòn no conaltradh tron phost.
- Bidh e comasach dhut d' ùidh a chlàradh aig àm sam bith airson a dhol air Pannal Eòlaichean Eòlas Beatha aig àm sam bith.

Ciamar a nì sibh co-dhealbhaidh air structaran nàiseanta is ionadail?

- Co-dhealbhaidh Riaghaltas na h-Alba pàirtean den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a bhios ag obair aig ìre nàiseanta le daoine a gheibh cothrom air agus a libhrigeas taic slàinte agus cùram sòisealta coimhearsnachd. Bidh seo a' gabhail a-steach Cairt Chòraichean, pròiseas gearain nàiseanta, agus clàr eileagtronaigeach airson cùram sòisealta agus slàinte.
- Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le riaghaltas ionadail, an NHS agus prìomh chom-pàirtichean eile, leis gu bheil amalachadh cùram slàinte is sòisealta air a bhith na cho-amas aig riaghaltas nàiseanta is ionadail fad grunn

bhliadhnaichean. Tha a bhith ag obair còmhla agus a' co-roinn ar cuid gnàth-eòlais choitcheann deatamach airson atharrachadh a dhèanamh san dòigh cheart.

- Bidh sinn a' conaltradh le luchd-ùidh agus eòlaichean – daoine aig a bheil eòlas beatha air an t-seirbheis, daoine a tha a' faighinn cothrom air cùram is taic, an teaghlach, luchd-stiùiridh NHS agus luchd-obrach clionaigeach, mu bhith ag amalachadh slàinte coimhearsnachd agus cùram sòisealta. gus builean nas fheàrr a lìbhrigeadh do dhaoine.
- Leasaichidh bùird cùraim ionadail, ag obair thairis air crìochan ionadail, taic do dhaoine aig ìre roinneil agus nàiseanta agus iad ag obair còmhla mar phàirt den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta agus ag obair ann an com-pàirteachas leis an NHS, ùghdarrasan ionadail, an treas roinn agus an roinn neo-eisimeileach.
- Sna sgìrean ionadail aca, obraichidh bùird cùraim ionadail le com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil taic agus seirbheisean do dhaoine sàbhailte, èifeachdach, gun chnap-starra, agus stèidhichte air an neach. Bidh daoine ionadail leabaichte ann an dealbhadh, cruthachadh, agus lìbhrigeadh taic is sheirbheisean.
- Beachdaichidh sinn air an dòigh as fheàrr air dèanamh cinnteach gu bheil co-obrachadh èifeachdach ann le seirbheisean eile leithid taigheadas, foghlam, agus obair poileis tro cho-dhealbhadh le luchd-ùidh, a' gabhail a-steach riochdairean bho ùghdarrasan amalachaidh, com-pàirteachasan slàinte is cùram sòisealta, riaghaltas ionadail, bùird slàinte, bun-chùram agus cùram coimhearsnachd, luchd-cùraim agus luchd-cleachdaidh seirbheis.

Còraichean air foisean airson luchd-cùraim

Ciamar a nì sinn cinnteach gum faigh a h-uile neach-cùraim fois? Dè mu dheidhinn luchd-cùraim òga?

- Tha e mar dhleastanas air ùghdarrasan ionadail aig an àm seo measgachadh de sholarachadh saor-làithean a bhrosnachadh anns na sgìrean aca agus tha sinn a' maoineachadh Cùram Co-roinnte na h-Alba agus Leasachadh Cùram Slàinte na h-Alba gus an cuideachadh agus deagh chleachdadh a cho-roinn. Tha sinn cuideachd air Maoin nan Saor-làithean Goirid dhan roinn shaor-thoileach a leudachadh bho £3m gu £5m ann an 2022-23. Tha sinn a' bruidhinn ris an luchd-ùidh sin agus le luchd-ùidh eile mu dè a bharrachd a ghabhas dèanamh gus cur ri comas-lìbhrigidh. Bheir Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta comas don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta seirbheisean a phlanadh agus a choimiseanadh. Tha Meòrachan Ionmhais a' Bhile a' mìneachadh tuairmsean air na cosgaisean a bharrachd a tha Riaghaltas na h-Alba a' sùileachadh bhon taic a bharrachd gus a' chòir air foisean a choileanadh.
- Taobh a-muigh a' Bhile seo, tha obair nàiseanta is ionadail a' dol air adhart gus cuideachadh le bhith ag aithneachadh an fheadhainn a tha ann an dreuchdan cùraim agus a' dèanamh cinnteach gum bi iad mothachail air an taic a tha ri fhaotainn dhaibh. Tha seo a' gabhail a-steach iomairt conaltraidh nàiseanta a chaidh a ruith aig deireadh 2020 agus a-rithist sa Mhàrt 2022.
- Tha còir aig a h-uile neach-cùraim òg (agus neach-cùraim inbheach) air plana taic, fiosrachadh agus comhairle, is msaa. Tha obair ionadail is nàiseanta nas fharsaing ann, gus mothachadh àrdachadh air taic do luchd-cùraim òga am

measg dhaoine òga agus luchd-obrach foghlaim ach thathar ag aontachadh gum feumar barrachd a dhèanamh fhathast air seo.

Dè tha an t-atharrachadh ann an ion-roghnachd ionadail a' ciallachadh?

- Le bhith a' toirt air falbh slatan-tomhais ion-roghnachd ionadail bho cho-dhùnaidhean mu thaic airson fois bho chùram, lùghdaichidh sin an seansa gum bi eadar-dhealachaidhean eadar diofar sgìrean. Cuiridh a bhith a' stèidheachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta cuideachd ri cunbhalachd ann an lìbhrigeadh taic.

Seirbheisean a bharrachd

Ciamar a bhios obair shòisealta air a toirt a-steach don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Thèid Buidheann Nàiseanta airson Obair Shòisealta a stèidheachadh taobh a-staigh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. Is e amasan an NSWA taic agus tasgadh a dhèanamh ann am proifeisean na h-obair shòisealta le bhith a' toirt seachad ceannardas nàiseanta, agus a' cumail sùil air agus a' toirt taic do dh'obair shòisealta anns na raointean a leanas:
 - Foghlam (ro-agus às dèidh teisteanas)
 - Leasachadh (le bhith a' stèidheachadh Ionad Sàr-mhathais) agus a' sgèileadh deagh chleachdadh
 - Planadh feachd-obrach
 - Trèanadh agus leasachadh.
 - Teirmean is cumhaichean obair shòisealta (a' gabhail a-steach pàigheadh)
- Tha Meòrachan Poileasaidh Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta a' mineachadh na feallsanachd airson a bhith a' stèidheachadh Buidheann Nàiseanta airson Obair Shòisealta. Sheall mion-sgrùdadh air Co-chomhairle na Seirbheis Cùraim Nàiseanta taic làidir do Bhuidheann Obair Shòisealta Nàiseanta.

Dè mu dheidhinn gearanan obair shòisealta?

- Tro sheirbheis ghearain na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, bidh cothrom furasta agus cunbhalach ann mu làimhseachadh ghearanan.
- Tha sinn mothachail air deagh chleachdadh ann a bhith dèiligeadh ri gearanan ann an grunn raointean agus air an àite chudromach a tha aig buidhnean stiùiridh leithid Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba.
- Leanaidh sinn oirnn ag obair leis na buidhnean sin gus seirbheis a leasachadh a thogas air deagh chleachdadh a tha ann mar-thà agus cruthaichidh sinn poileasaidh gearainean tro cho-dhealbhadh le daoine aig a bheil eòlas beatha air a bhith a' cleachdadh seirbheisean cùram shòisealta, a bharrachd air luchd-ùidh iomchaidh.

Ciamar a bhios seirbheisean chloinne air an toirt a-steach don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Mus tèid co-dhùnadh am bu chòir seirbheisean chloinne a bhith air an toirt a-steach don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta, tha e deatamach gun tuig sinn an toir gluasad seirbheisean chloinne chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta piseach air builean do chloinn, daoine òga agus an teaghlaichean no am bithear a' coileanadh feumalachdan chloinne, daoine òga agus teaghlaichean as fheàrr le seirbheisean a bhith fhathast taobh a-muigh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.
- Chaidh rannsachadh a bharantachadh gus an co-dhùnadh fhiosrachadh agus gus dèanamh cinnteach gum bi siostam againn choileanas feumalachdan chloinne, dhaoine òga agus an teaghlaichean as fheàrr.
- Ma tha Ministearan den Bheachd, - stèidhichte air an fhianais a chaidh a chruinneachadh agus air cùisean buntainneach eile - gum bu chòir do sheirbheisean chloinne gluasad chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, thèid làn cho-chomhairle phoblach a chumail. Thèid a' cho-chomhairle a chumail taobh a-staigh clàr-ama a nì cinnteach gun tèid seirbheisean chloinne a thoirt a-steach bhon chiad latha den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta, mas e is gun tèid co-dhùnadh seirbheisean chloinne a thoirt a-steach. Chan eil sinn a' moladh gum bi a h-uile seirbheis do chloinn air an gabhail a-steach mar phàirt den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta. Tha na seirbheisean chloinne air a bheilear a' beachdachadh airson a dhol a-steach chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta a' gabhail a-steach obair shòisealta chloinne agus seirbheisean cùram sòisealta co-cheangailte riutha, a' gabhail a-steach solar cùram-chloinne còmhnaidh; seirbheisean slàinte coimhearsnachd do chloinn; agus CAMHS. Cumaidh ùghdarrasan ionadail uallach airson seirbheisean stèidhichte air foghlam a' gabhail a-steach sgoiltean, luchd-teagaisg agus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne.
- Chan eil sinn airson 's gun cuir cruthachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta bacadh no stad air adhartas sam bith a thathar a' dèanamh do chloinn, daoine òga agus teaghlaichean. Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn cumail ris a' Ghealladh ro 2030 agus tha e ag aithneachadh na h-obrach gu lèir a tha ùghdarrasan ionadail a' dèanamh gus leantainn orra a' toirt piseach air builean chloinne is dhaoine òga. Tha ar com-pàirtichean ann an riaghaltas ionadail air aontachadh ri seo agus tha sinn a' cur fàilte air an dealas aca gus leantainn air adhart leis an obair chudromaich seo rè na h-ùine co-dhùnaidh. Bidh sinn a' conaltradh le prìomh chom-pàirtichean libhrigidh tron phròiseas seo, a bheir cothrom bruidhinn agus dèiligeadh ri cùisean no draghan sam bith a thig am bàrr.

Ciamar a bhios Obair Shòisealta Ceartais air a toirt a-steach don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Cha deach co-dhùnadh a ghabhail am bi seirbheisean obair shòisealta ceartais mar phàirt den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta. Tha cumhachd comasachaidh sa Bhile gus obair shòisealta ceartais a ghluasad a-steach don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta tro reachdas dàrnach ma thèid co-dhùnadh sin a dhèanamh, às dèidh barrachd obrach.
- Tha sinn ag aithneachadh nach robh obair shòisealta ceartais mar phàirt den Lèirmheas Neo-eisimeileach air Cùram Sòisealta Inbheach, agus is e sin as coireach gu bheil sinn an-dràsta a' stèidheachadh ath-sgrùdadh fianais agus prògram obrach a bharrachd gus dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnadh

fiosraichte a dhèanamh am bu chòir seirbheisean chloinne a bhith mar phàirt den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta.

Tha obair shòisealta a' cheartais mar phàirt de chuid de na Co-bhùird Amalachaidh. Dè thachras do na seirbheisean sin nuair a thig am Bile gu bhith na lagh?

- Tha rèiteachaidhean tar-ghluasaid fhathast ri dhearbhadh agus bidh iad le ùmhlachd do cho-dhùnaidhean mun raon-ùghdarras. Airson sgìrean far a bheil seirbheisean obair shòisealta ceartais an-dràsta mar phàirt de Cho-bhùird Amalachaidh, ge-tà, tha e soilleir gum bi feum air beagan atharrachaidh co-dhiù thèid an cur a-steach chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta no nach tèid agus tha sinn a' beachdachadh gu gnìomhach air mar a bhios atharrachaidhean mar sin air an riaghladh gu h-èifeachdach.

Ciamar a bhios slàinte-inntinn air a toirt a-steach don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta? Ciamar a bheir seo buaidh air a' mholadh gum bi atharrachaidhean air reachdas slàinte-inntinn?

- Tha co-dhùnaidhean fhathast ri thighinn air dè na seirbheisean a bhios an urra ris an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta. Tha sinn gu mòr airson ionnsachadh bho na dh'fhiosraich na Co-bhùird Amalichte agus gnàth-eòlas nan daoine agus an luchd-obrach gu co-dhùnaidhean air seo a stiùireadh.
- Coltach ri Lèirmheas Scott air Lagh Slàinte-Inntinn, tha an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta dealasach a thaobh a bhith a' toirt prìomhachas do dhòigh-obrach stèidhichte air còraichean daonna. Beachdaichidh sinn air na toraidhean a nochd ann an Lèirmheas Scott a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain, agus nì sinn cinnteach gu bheilear a' toirt cunntas air mar a bhios iad sin ag eadar-obrachadh le obair na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, a' gabhail a-steach seirbheisean seargadh-inntinn, nar freagairt dhan Lèirmheas.

Ciamar a bhios seirbheisean do dhaoine gun dachaigh air an toirt a-steach don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Chan eilear a' moladh gum bu chòir gnìomhan taigheadais no dìth dachaigh aig ùghdarrasan ionadail a ghluasad chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. Ach, tha Riaghaltas na h-Alba gu math mothachail gum feumar taic cùram sòisealta a bhith a' co-òrdanachadh gu h-èifeachdach le seirbheisean eile, agus obraichidh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta gu dlùth le ùghdarrasan ionadail gus dèanamh cinnteach gum bi seo fhathast a' tachairt. Gu sònraichte, nì sinn cinnteach gum faigh daoine a tha gun dachaigh no ann an cunnart a bhith gun dachaigh cothrom air taic cùram sòisealta àrd-inbhe nuair a tha feum aca air.

Ionmhas

Ciamar a mhaoinicheas sibh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Tha sinn air gealltainn tasgadh poblach ann an cùram sòisealta a mheudachadh 25% thar beatha na Pàrlamaid seo, co-ionann ri còrr is £840 millean de thasgadh a bharrachd. Dhaingnich ar buidseat airson 2022/23 còrr is £1.6 billean gu

dìreach bho Riaghaltas na h-Alba airson cùram sòisealta agus amalachadh gus bunait a stèidheachadh airson na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. Tha seo a bharrachd air an tasgadh a tha ùghdarrasan ionadail a' toirt seachad airson seirbheisean cùraim mar-thà.

- Thèid barrachd mion-fhiosrachaidh a thoirt seachad tro mheasaidhean stèidhichte air fianais air prìs reusanta agus luach an airgid.
- Cha deach mion-fhiosrachadh sònraichte mu mhaoineachadh innse fhathast oir thèid seo a chruthachadh tro cho-dhealbhadh agus tuigse air na seirbheisean a bhios air an lìbhrigeadh san t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta.
- Beachdaichidh a h-uile co-dhùnadh air tasgadh air toraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblaich agus air conaltradh leantainneach le luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gun toir tasgadh a' bhuidhe as fheàrr air builean agus cùram dhaoine. Rinn a' cho-chomhairle air an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta soilleir gu bheil na molaidhean ag amas air dòigh-obrach stèidhichte air còraichean daonna a chur aig cridhe chùisean agus an siostam ath-chuimseachadh gu siostam a chumas suas na còraichean daonna aig daoine a chleachdas agus a tha a' toirt seachad cùram is taic.

Clàr Cùram Sòisealta agus Slàinte

Cuin a bhios clàran cùram sòisealta agus slàinte amalaichte air-loidhne? An tèid am fiosrachadh seo a cho-roinn gu fèin-obrachail?

- Bidh sinn a' dèanamh obair 'lorg' foirmeil a dh'aithghearr airson a' chlàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte. Tha seo a' ciallachadh gum bi sinn a' conaltradh le luchd-cleachdaidh gus na feumalachdan aca a thuigsinn nas fheàrr agus gus dèanamh cinnteach gu bheil an clàr amalaichte air a cho-dhealbhadh. [Gheibhear mion-fhiosrachadh mun dòigh-obrach againn a thaobh co-dhealbhadh air an duilleig-lìn againn](#). Bidh an obair air a stiùireadh le cruthachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta ach ag obair gu dlùth le feadhainn eile a' gabhail a-steach an NHS agus solaraichean cùram sòisealta. Togaidh sinn, nì sinn deuchainn air agus nì sinn ath-aithris air a' chlàr slàinte is cùram sòisealta amalaichte thairis air na bliadhnaichean ri teachd.
- Ged a tha ar an obair againn air a' chlàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte aig ìre glè thràth agus ged a tha sinn a' dèanamh obair mhionaideach gus dèanamh cinnteach gum bi cùisean soilleir, is e an seasamh a th' againn an-dràsta nach eil e a' ciallachadh gun tèid am fiosrachadh gu lèir a cho-roinn gu fèin-obrachail – cha bhiodh fiosrachadh air a cho-roinn ach a-mhàin far a bheil adhbhar sònraichte ann gus sin a dhèanamh. Tha sinn a' coimhead air pròiseas dearbhaidh is ceadachaidh gus nach bi cothrom aig proifeiseantaich ach air an fhiosrachadh a dh'fheumas iad gus an dleastanasan a choileanadh. Nì sinn cinnteach gum faigh daoine fa leth cothrom air a' chlàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte aca gus cuideachadh le bhith a' fiosrachadh co-dhùnaidhean mun chùram aca fhèin.

Nach eil cnapan-starra ann an-dràsta le bhith a' ceangal chlàran cùram sòisealta agus slàinte mar thoradh air diomhaireachd?

- Tha dà ullachadh ann am Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (Alba) gus clàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte agus ruigsinneach a dhèanamh

comasach: a' toirt cumhachd do mhinistearan riaghailtean (fo-reachdas) co-roinn fiosrachaidh a stèidheachadh gus taic a chumail ri co-roinn fiosrachaidh le agus às leth na Seirbheis Cùram Nàiseanta agus an NHS, agus ullachadh inbhean fiosrachaidh gus an urrainn do mhinistearan inbhean a shuidheachadh air mar a tha fiosrachadh air a chruinneachadh agus air a stòradh. Còmhla tha na h-ullachaidhean seo ann gus an gabh an clàr amalaichte a libhrigeadh a nì cinnteach gu bheil dòigh-obrach chunbhalach ann a thaobh mar a tha fiosrachadh air a chruinneachadh agus air a cho-roinn gus taic a chumail ri èifeachdas sheirbheisean.

- Tha sinn ag obair gus sruthan dàta a mhapadh agus gus cnapan-starra làithreach a thuigsinn gus seo a thoirt a-steach dhan obair againn air a' chlàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte. Bidh sinn ag obair ann an co-theacs laghan làithreach leithid Riaghailtean Dìon Dàta Coitcheann na RA. Thèid eileamaidean den chlàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte a cho-dhealbhadh gus an obraich sinn le luchd-cleachdaidh gus am bi fios againn de an t-slighe air adhart as fheàrr.
- Tha Riaghailtean Dìon Dàta Coitcheann na RA (GDPR) a' toirt grunn chòraichean do dhaoine fa leth a thaobh an dàta phearsanta aca agus dìonaidh an clàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte na còraichean dàta agad ([tha Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh a' toirt seachad an fhiosrachaidh slàn](#)).

Dè thachras ma tha fiosrachadh anns a' chlàr cùram sòisealta agus slàinte ceàrr?
Am faod mi roghnachadh gun a bhith a' co-roinn m' fhiosrachadh?

- Tha Riaghailtean Dìon Dàta Coitcheann na RA (GDPR) a' gabhail a-steach 'còir air ceartachadh' gus am bi còir aig daoine fa leth gun tèid fiosrachadh mearachdach a cheartachadh. Nì an clàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte cinnteach gum bi còraichean aig daoine fa leth fhathast air an dìon agus mar phàirt de phlanadh tràth tha sinn an dùil gum bi pròiseas airson iarraidh gun tèid fiosrachadh mearachdach ùrachadh. [Gheibhear barrachd air seo air làrach-lìn ICO](#).
- Tha Riaghailtean Dìon Dàta Coitcheann na RA (GDPR) a' toirt grunn chòraichean do dhaoine fa leth a thaobh an dàta phearsanta aca agus dìonaidh an clàr cùram sòisealta agus slàinte amalaichte na còraichean dàta agad ([tha Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh a' toirt seachad an fhiosrachaidh slàn](#).)

Dè na barantasan a bhios ann gus dèanamh cinnteach nach bi mì-chleachdadh fiosrachaidh ann?

- Feumaidh bunait laghail a bhith ann airson a bhith a' cruinneachadh agus a' cleachdadh fiosrachadh pearsanta. Mar phàirt den phlanadh tràth againn tha sinn an dùil gum bi pròiseasan dearbhaidh, ùghdarachaidh agus sgrùdaidh ann gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh air a chleachdadh airson adhbharan sònraichte, mar eisimpleir airson neach-obrach cùram sòisealta no neach-altraim far a bheil fiosrachadh ùr a' comasachadh coileanadh an dleastanasan.

Riaghladh

Dè a' bhuidh a bhios aig an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta air Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba (*Scottish Social Services Council - SSSC*)? Am bi atharrachaidhean ann an clàradh agus teisteanasan?

- Leanaidh an SSSC air mar an riaghlaidhe proifeiseanta neo-eisimeileach airson luchd-obrach obair shòisealta agus seirbheisean sòisealta ann an Alba. Suidhidh e taobh a-muigh frèam na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.
- Cha bhi mòran buaidh ann. Tha an SSSC an-dràsta a' dèanamh prògram obrach le luchd-ùidh gus coimhead air na h-eileamaidean den chlàr agus ìrean teisteanais. [Gheibhear làn fhiosrachadh air làrach-lìn SSSC](#) .

Am bi Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim fhathast na riaghladair neo-eisimeileach air seirbheisean cùraim na h-Alba?

- Bidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim fhathast na riaghladair neo-eisimeileach airson seirbheisean cùraim na h-Alba. Suidhidh e taobh a-muigh frèam na Seirbheis Cùraim Nàiseanta (ach obraichidh e ann an co-obrachadh leis a thaobh libhrigeadh sheirbheisean cùram sòisealta ann an Alba).

Dè an t-eòlas a th' aig Leasachadh Cùram Slàinte na h-Alba (*Healthcare Improvement Scotland - HIS*) air dachaighean cùraim?

- Tha cumhachd ùr anns a' Bhile a leigeadh le HIS dreuchd comhairleachaidh clionaigeach a thoirt seachad còmhla ri Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a thaobh sgrùdaidhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, mar eisimpleir, gus cleachdadh cùram clionaigeach agus comhairle casg is smachd ghalaran a thoirt seachad.
- Rè a' ghalair lèir-sgaoilte, chaidh dòigh-obrach "cho-rèiteachaidh" a stèidheachadh eadar Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus Leasachadh Cùram Slàinte na h-Alba co-cheangailte ris na gnìomhan a tha an Leasachadh Cùram Slàinte na h-Alba a' coileanadh fo Phàirt 5 de dh'Achd 2010. Dh'obraich luchd-obrach Leasachadh Slàinte na h-Alba (HIS) le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim leis an amas Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a chuideachadh le taobhan clionaigeach de sgrùdaidhean air dachaighean cùraim (m.e. ro-chasg agus smachd ghalaran) fo Phàirt 5 de dh'Achd 2010. Thug seo barrachd comas-libhrigidh do Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim rè a' ghalair lèir-sgaoilte.
- Ged nach eil ceistean co-cheangailte ris a' ghalair lèir-sgaoilte ann an dachaighean cùraim cho èiginneach 's a bha iad, tha e cudromach a dh'aindeoin sin nach bi bacadh sam bith aig Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim agus HIS air co-obrachadh ma dh'èireas feum a-rithist san àm ri teachd.

Cunntachalachd agus Dleastanas Ministearan na h-Alba

An dèan Ministearan na h-Alba cinnteach gu pearsanta gu bheilear a' coinneachadh ri feumalachdan agus a' stiùireadh bùird cùraim, neo an e seirbheisich chatharra a bhios a' dèanamh na h-obrach seo?

- Le bhith a' stèidheachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, is iad Ministearan na h-Alba a bhios cunntachail aig a' cheann-thall airson solar cùram sòisealta agus cumaidh iad sùil air an t-siostam gu lèir.

Tha cùram sòisealta air a' Ghàidhealtachd air a stiùireadh le NHS na Gàidhealtachd mar-thà agus mar sin fo stiùireadh ministreil nas dìriche na tha e le Co-bhùird Amalachaidh. A bheil fianais sam bith ann gu bheil lìbhrigeadh cùram sòisealta nas fheàrr air a' Ghàidhealtachd?

- Ann a bhith a' cruthachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta tha sinn airson dèanamh cinnteach gun tog sinn air agus nach cuir sinn bacadh air deagh chleachdadh/adhartas le amalachadh agus leasachadh càileachd cùraim do dhaoine.
- Cuidichidh an dòigh co-dhealbhadhaidh.
- Cha ghabh coimeas dìreach a dhèanamh eadar am modail le prìomh bhuidheann a chaidh a chleachdadh air a' Ghàidhealtachd agus na tha sinn a' moladh tron t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta. Fo na molaidhean againn, bidh taic agus stiùireadh aig ìre nàiseanta airson nam bòrd cùraim ionadail. Bidh an ìre nàiseanta aig an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a' cruthachadh inbhean agus stiùireadh, a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh leasachadh aig ìre nàiseanta, a' cumail sùil air coileanadh gu h-ionadail; a' stèidheachadh agus a' cumail suas frèam airson coimiseanadh beusach; a' cur an gnìomh siostam gearainean is dìolaidh; agus a bhith a' toirt taic gu feachd-obrach obair shòisealta agus cùram sòisealta aig ìre nàiseanta a bharrachd air planadh feachd-obrach aig ìre nàiseanta. Mar thoradh air an taic a bharrachd seo bu chòir cùram sòisealta a tha de chàileachd àrd, a tha cunbhalach agus cothromach ann a choinnicheas ri feumalachdan fa leth aig daoine sna coimhearsnachdan aca.

Ma tha ministearan gu bhith os cionn bùird cùraim, am bi iad a' dol a-mach gu roinn a' chùraim gus sgàileachadh-obrach a dhèanamh air diofar dhleastanasan ann an diofar shuidheachaidhean?

- Bidh Ministearan na h-Alba gu tric a' tadhal air agus a' conaltradh gu dìreach ri daoine a tha a' cleachdadh cùram is taic agus a' toirt seachad cùram. Leanaidh tursan mar seo agus sinn a' stèidheachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. Tha iad dealasach a thaobh a bhith a' toirt a-steach daoine le eòlas beatha ann an dealbhadh agus cruthachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.
- Bidh bùird cùraim ionadail na Seirbheis Cùraim Nàiseanta cuideachd a' conaltradh gu dìreach ri daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus gan toirt seachad. Is e an lèirsinn againn airson na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gum bi seirbheisean cùraim ionadail air an dealbhadh air stèidh co-dhealbhadhaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn aig a bheil eòlas air an t-siostam an sàs anns na co-dhùnaidhean gus a libhrigeadh.

Ciamar as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gum bi an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta air a ruith nas fheàrr na Seirbheis Nàiseanta na Slàinte, a tha na bùrach an-dràsta?

- Tha na bliadhnaichean bho ghalar lèir-sgaoilte Covid air a bhith air leth dùbhlanaich dhan t-siostam NHS agus cùram sòisealta againn, a tha air cumail orra a' libhrigeadh sheirbheisean a dh'aindeoin an dà chuid iarrtas nas motha agus iarrtas a tha air càrnadh suas, agus buaidh diofar thuinn ioma-ghnèitheach de ghalaran Covid agus de dh'fheum air cùram ospadail.

- Tron àm gun samhail seo, tha Riaghaltas na h-Alba agus luchd-obrach Seirbheis Nàiseanta na Slàinte air a bhith ag obair gu cruaidh gus cumail orra a' libhrigeadh sheirbheisean agus gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine cothrom air a' chùram a tha a dhìth orra.
- Tha Plana Ath-shlànachaidh NHS Riaghaltas na h-Alba a' stiùireadh ath-bheothachadh bhon ghalar-lèir sgaoilte agus tha e a' cur an cèill nam planaichean againn airson slàinte is cùram thairis air an ath chòig bliadhna. Le maoineachadh de chòrr is £1bn, tha am plana a' gabhail a-steach cùram euslainteach a-staigh, cùisean-latha, agus cùram euslainteach a-muigh agus buileachadh leasachaidhean seasmhach agus modailean cùraim ùra.
- Aig an àm seo, tha sinn ag obair air na molaidhean againn air mar a dh'obraicheas an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta. Far an gabh sin dèanamh, tha sinn a' dèanamh sin air stèidh co-dhealbhadh le daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus gan libhrigeadh, agus sinn cuideachd ag obair gu dlùth le com-pàirtichean libhrigidh gus feum a dhèanamh air an eòlas aca.
- Tha sinn a' cleachdadh na dòigh-obrach seo gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine aig a bheil eòlas beatha air seirbheisean cùraim comasach air am beachdan a thoirt seachad agus air cur ri dealbhadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, agus mar sin nì sinn cinnteach gu bheil an siostam air a dhealbhadh a rèir am feumalachdan.

Cò a bhios mar sholarachaichean mur eil roghainn sam bith eile ann ma thèid rudeigin ceàrr ma tha seirbheisean air an gluasad a-mach à smachd an ùghdarras ionadail?

- Tha sinn a' co-dhealbhadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil dòighean làidir an sàs gun fhios nach tèid cùisean ceàrr. Ma dh'fhailicheas solaraiche san roinn shaor-thoilich no san roinn phrìobhaidich, bidh cumhachd aig bùird cùraim a dhol a-steach dhan chùis agus ruith na seirbheis a ghabhail thairis, mar as urrainn ùghdarrasan ionadail dèanamh an-dràsta.
- Tha Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta a' toirt chumhachdan do Mhinistearan na h-Alba a dhol an sàs ann an suidheachaidhean èiginneach no far a bheil fàilligeadh ann an seirbheis gus buidheann no ùghdarras poblach eile fhadstadh gus an t-seirbheis sin a sholarachadh no a ghluasad gu bòrd cùraim ionadail eile.
- Tha ullachadh ann am Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gum faod Ministearan na h-Alba tagradh a dhèanamh airson òrdugh eadar-theachd èiginneach ma tha iad den bheachd nach eil solaraiche seirbheis a' coileanadh ìre iomchaidh.

Am bi e comasach do Mhinistearan na h-Alba togalaichean ùghdarrasan ionadail a cheannach gus seirbheisean a chumail a' dol? Carson a tha am Bile a' toirt chumhachd do mhinistearan luchd-obrach, togalaichean is nithean eile a thoirt air falbh bho chomhairlean?

- Thèid mion-fhiosrachadh air mar a thèid seirbheisean a libhrigeadh aig ìre ionadail a cho-dhealbhadh.
- Tha ullachadh ann am Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta gus luchd-obrach agus togalaichean a ghluasad chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, ma bhios sin a dhìth. Rachadh tar-ghluasad sam bith gus sin a dhèanamh gu faiceallach agus gu cothromach gus am biodh an seansa cho beag 's a ghabhas gum biodh

briseadh sam bith ann do na daoine a tha a' faighinn agus a' toirt seachad sheirbheisean.

- Bidh riaghaltas ionadail na phrìomh chom-pàirtiche sa phròiseas co-dhealbhadh seo.

Chan eil meadhanachadh air a bhith soirbheachail airson seirbheisean Poileis is Smàlaidh. Am bi am meadhanachadh seo eadar-dhealaichte agus ma bhitheas, ciamar?

- Chan e meadhanachadh an t-amas.
- Tha sinn a' dealbhadh siostam far am bi bùird cùraim ionadail, ag obair le daoine le eòlas beatha, gus seirbheisean cùraim a dhealbhadh agus a lìbhrigeadh.
- Cuiridh stiùireadh agus frèaman-obrach nàiseanta leasachadh air adhart air feadh na h-Alba gus am bi seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta coimhearsnachd àrd-inbhe cunbhalach, agus cothromach air feadh na h-Alba a choileanas feumalachdan dhaoine.
- Aig an ìre nàiseanta, stèidhichidh agus cumaidh seo: frèam airson coimiseanadh beusach; cuiridh seo an gnìomh siostam gearain is dìolaidh; agus bheir e taic dhan sgioba-obrach obair shòisealta agus cùram sòisealta aig ìre nàiseanta. Bidh e na phrìomhachas dhaibh a bhith ag obair le agus a' toirt taic do bhùird cùraim ionadail agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh chleachdadh air a chomharrachadh agus air a cho-roinn air feadh na h-Alba ann an dòigh èifeachdach.
- Tha sinn airson co-dhealbhadh agus co-chomhairleachadh farsaing a dhèanamh le luchd-ùidh mun dòigh as fheàrr gus an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a sholarachadh a lìbhrigeadh an dà chuid cunbhalachd nàiseanta agus sùbailteachd ionadail.
- Tha riaghaltas ionadail na chom-pàirtiche cudromach ann a bhith a' lìbhrigeadh cùram sòisealta an-dràsta agus leanaidh seo nuair bhios sinn a' cruthachadh dhòighean ùra gus cùram nas fheàrr a lìbhrigeadh air feadh na dùthcha.

Coimiseanadh agus Solarachadh

Dè tha coimiseanadh beusach a' ciallachadh sa Bhile?

- Bidh coimiseanadh beusach agus solar beusach na chlach-oisinn a chleachdas an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta gus cumadh a thoirt air co-dhùnaidhean coimiseanaidh is solarachaidh. Nì modh-obrach coimiseanaidh agus solarachaidh beusach cinnteach gum bi làn chom-pàirt ann leis an fheadhainn a gheibh cothrom air taic cùram sòisealta, leis an fheadhainn a bheir taic do dhaoine gus taic cùram sòisealta fhaighinn, le teaghlaichean is caraidean, le luchd-cùraim gun phàigheadh, agus leis an luchd-obrach agus solarachaidhean.
- Nì inbhean beusanta cinnteach gu bheil sinn a' cur luach air agus ag aithneachadh an luchd-obrach le bhith a' cruthachadh bun-inbhean obrach cothromach, teirmichean is cumhaichean agus cuiridh sinn ri fulangas gnàth-shìde/atharrachadh gnàth-shìde san àm ri teachd le bhith a' toirt aire do na buaidhean nach gabh ath-thionndadh bho atharrachadh na gnàth-thìde.
- Cuidichidh dòigh-obrach na Seirbheis Cùraim Nàiseanta a thaobh coimiseanadh beusach le cunbhalachd agus buileachadh riatanasan agus cleachdaidhean

obrach cothromach, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad sin air an aontachadh agus air an suidheachadh aig ìre nàiseanta agus air an lìbhrigeadh gu h-ionadail air feadh na dùthcha.

- Thèid an dòigh-obrach againn a thaobh coimiseanadh beusach a cho-dhealbhaidh le com-pàirtichean, na solaraichean agus luchd-cleachdaidh riochdachail agus bidh e an urra ri raointean sruth-obrach co-cheangailte eile ann am prògram na Seirbheis Chùraim Nàiseanta agus bidh e air a cho-dhealbhaidh an cois ruigsinneachd air seirbheisean agus dealbhaidh nan seirbheisean.

Ciamar a bheir tar-ghluasad rèiteachaidhean coimiseanaidh gu buidheann ùr dìon an aghaidh cùmhnantan a bhith air am buannachadh le luchd-solair bochda le luchd-obrach aig a bheil droch phàigheadh agus droch làimhseachadh a bhios a' libhrigeadh cùram de dhroch inbhe?

- Suidhichidh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta inbhean Coimiseanaidh is Solarachaidh Beusach. Bidh iad sin a' gabhail a-steach prìomh phrionnsapalan a thaobh làimhseachadh an fheadhainn a tha a' faighinn cùram agus an fheadhainn a tha a' toirt seachad a' chùraim sin. Ge b' e mar a tha seirbheisean barrantaichte air an daingneachadh (m.e. in-thaigh, tro thabhartasan, tro sholarachadh, no tro chaidreachasan), thèid an ìre sin a chumail suas.

Am faod bòrd cùraim cùmhnant a dhèanamh le solaraiche ma tha iad air an aon cùmhnant a thoirt seachad taobh a-staigh nan trì bliadhna mu dheireadh?

- Tha ullachaidhean mar-thà anns na riaghailtean solarachaidh airson beachdachadh air leantailachd cùraim. A bharrachd air cumail a' dol leis na h-ullachaidhean a th' ann mar-thà ann an reachdas solarachaidh a tha a' toirt cumhachd do bhuidhnean poblach aire a thoirt do dhroch choileanadh roimhe no do bhrisidhean cùmhnant, chan eil planaichean ann gus casg a chur air solaraichean làithreach bho bhith a' faighinn cùmhnant a-rithist gus seirbheis a libhrigeadh.

An gluais an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta ùr gu seirbheis coimiseanaidh coltach ris a' bhuidhinn coimiseanaidh clionaigeach a chaidh a stèidheachadh ann an Sasainn?

- Bidh inbhean Coimiseanaidh is Solarachaidh Beusach air an co-dhealbhaidh.
- Bhiodh e ceàrr tighinn gu co-dhùnadh taobh seach taobh mu mhodail sam bith san deasbad.

A bheil earrann 41 den Bhile ag amas air an àireamh de sholaraichean prothaid ann an cùram sòisealta a lùghdachadh?

- Bidh mòran de bhuidhnean san treas roinn a' dèanamh prothaidean ach feumaidh iad na prothaidean sin ath-thasgadh sa bhuidhinn.
- Tha na molaidhean ann an Earrann 41 ann gus an urrainn don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta cuid de cho-fharpaisean a chuingealachadh ri buidhnean san treas roinn ach gun a bhith a' toirmeasg prothaid.

A bheil brosnachadh barrachd bhuidhnean neo-phrothaideach gu bhith a' tairgse na dhòigh gus cosgaisean cùraim a lùghdachadh?

- Tha an cumhachd cùmhnantan a ghlèidheadh do bhuidhnean san treas roinn (a bhios comasach air, agus a tha gu tric a' dèanamh phrothaidean) na chumhachd àbhaisteach ann an siostaman solarachaidh poblach Eòrpach.
- Tha buidhnean san treas roinn air innse dhuinn gu tric nach urrainn dhaibh a bhith a' farpais ris an roinn phrìobhaidich air cosgais. Tha na cumhachdan sin anns a' Bhile gus dèanamh cinnteach, nuair a bhios seirbheis air a sholarachadh nas fheàrr leis an treas roinn, gu bheil An t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta comasach air dèanamh cinnteach gun urrainn do bhuidhnean san treas roinn farpais èifeachdach a dhèanamh ri chèile.

Mura h-urrainn ach buidhnean saor-thoileach tagradh a dhèanamh airson cuid de cùmhnantan, dè an seòrsa cùmhnantan a bhios ann? Ciamar a nithear an co-dhùnadh? Leis gun robh Aithisg Feeley soilleir gum feumar beachdan àrdachadh air taic cùram sòisealta agus a dhèanamh nas proifeiseanta, carson a tha sibh airson 's gum bi buidhnean saor-thoileach a' libhrigeadh cuid de thaobhan de na seirbheisean?

- Chan eil 'An Treas Roinn' a' ciallachadh saor-thoileach agus chan eil e a' ciallachadh neo-phroifeiseanta no neo-dhreuchdail – chan eil plana ann cùmhnantan a ghlèidheadh do bhuidhnean saor-thoileach.
- Tha na dòighean airson co-dhùnadh dè na seirbheisean a bhios air an glèidheadh do bhuidhnean san treas roinn fhathast ri aontachadh. Feumaidh buidhnean san treas roinn a tha a' libhrigeadh sheirbheisean na h-aon inbhean càileachd agus luchd-obrach a choileanadh ri buidhnean san roinn phrìobhaidich no phoblach.

Leis gu bheil seirbheisean gu bhith air an gluasad a-mach à ùghdarrasan ionadail agus nach bi iad a' tagradh gus seirbheisean a sholarachadh tuilleadh, a bheil sin cuideachd fìor a thaobh ùghdarrasan a tha, no a tha an dùil, buidhnean fa-leth a stèidheachadh gus seo a dhèanamh?

- Bithear a' brosnachadh ùghdarrasan ionadail agus na buidhnean 'leth-eisimeileach' aca gus cumail orra a' libhrigeadh sheirbheisean fon t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta.

A' toirt piseach air seirbheisean

Dè thachras do Thaic is Dìon Inbheach fon t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Tha Thaic agus Dìon Inbheach na pàirt deatamach de phròiseasan slàinte, obair shòisealta agus cùram sòisealta. Mas e is gun tèid an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a chruthachadh, dh'fheumamaid dèanamh cinnteach gun tèid atharraichean a dhèanamh air [Achd Thaic agus Dìon Inbheach \(Alba\)](#) gus an urrainn do dh'inbhich a tha ann an cunnart bho chron cumail orra a' faighinn làn thaic agus dìon taobh a-staigh an fhrèama ùir a rachadh a chruthachadh.

- Bidh lìonraidhean Taic agus Dìon Inbheach agus luchd-ùidh ag obair gu dlùth le chèile gus dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean agus modhan-obrach a' sìor leasachadh, tro fhèin-luachadh; trèanadh; a' co-roinn deagh chleachdadh is ionnsachadh, agus a' gabhail pàirt ann am fòraman is lìonraidhean nàiseanta.

Ciamar a nì an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta cinnteach gum faigh a h-uile duine an roghainn solaraidhe aca fhèin?

- Tha am feum air dòigh-obrach stèidhichte air an neach dhaibhsan uile a tha a' sireadh cùram is taic bhon t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta na phrìomh phrionnsapal san obair againn, agus tha roghainnean mu chùram is taic na leudachadh air seo.
- Tha sinn an dùil gum bi seo soilleir san obair cho-dhealbhachaidh againn agus gum bi an conaltradh seo ro-chudromach, tro obair leithid Cairt Chòraichean, ann a bhith a' stèidheachadh prionnsapalan thar gach suidheachadh a bheir comas do gach neach a tha a' sireadh cùram is taic gus an cùram agus an taic as iomchaidh dhaibh a thaghadh.

Dè ur beachd a thaobh ro-chasg agus eadar-theachd tràth? An ann mu dheidhinn libhrigeadh seirbheis a-mhàin a tha an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta agus a bheil na dòighean a thaobh ro-casg a' suidhe ann an àiteachan eile?

- Fon t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta, thèid prìomhachas a thoirt do ro-chasg gus dèanamh cinnteach gun urrainn do dhaoine gluasad gu rèidh eadar diofar sheòrsaichean cùraim agus taic mar a bhios na feumalachdan aca ag atharrachadh.
- Bidh pròiseas co-dhealbhachaidh ann gus roghainnean a sgrùdadh gus eadar-theachd thràth agus ro-chasg a bhrosnachadh.
- Tha am meòrachan Poileasaidh a tha an cois a' Bhile ga dhèanamh soilleir gum feum plana ro-innleachdail a bhith a' nochdadh phrionnsapalan na Seirbheis Cùraim Nàiseanta agus is e aon dhiubh sin gum bi seirbheisean a tha an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a' toirt seachad stèidhichte air eadar-theachdan tràth a chuireas ro-chasg no dàil air leasachadh feumalachdan cùraim agus a lùghdaicheas feumalachdan cùraim a tha ann mar-thà.

Tha gainnead bhuidhnean cùraim is taice agus Luchd-cuideachaidh Pearsanta ann an-dràsta air feadh na h-Alba. A bheil gealltanais ann a bhith a' cumail taic ri barrachd roghainnean cùraim is taice do choimhearsnachdan?

- Tha rùn aig Riaghaltas na h-Alba piseach a thoirt air cùram agus taic air feadh na h-Alba. Tha am Prògram Taic san t-Slighe cheart (*Support in the Right Direction* - SiRD) air a libhrigeadh tro aontaidhean com-pàirteachais le buidhnean san treas roinn anns gach tè de na 32 sgìrean ùghdarras ionadail ann an Alba. Tha na buidhnean com-pàirteachais a' toirt tagradh neo-eisimeileach do dhaoine agus an luchd-cùraim mu chùram sòisealta agus Taic Fèin-stiùirichte sna sgìrean ionadail aca.
- Chaidh sgioba ùr le fòcas air Leasachadh Taic Fèin-stiùirichte a stèidheachadh le fòcas bunaitich air ath-sgrùdadh a dhèanamh air an Stiùireadh Reachdail làithreach.

- Chaidh Bòrd a' Phrògraim PA (Luchd-taic Pearsanta - *Personal Assistants*) a stèidheachadh ann an 2021 gus làn thuigse a thoirt air na cùisean nas fharsaingeachd a tha a' toirt buaidh air PAan a' gabhail a-steach fastadh agus plana obrach a chruthachadh a tha a' mìneachadh nan amasan agus builean a tha riatanach gus làn aithneachadh a thoirt dhaibh mar phàirt den fheachd-obrach cùram sòisealta.
- Tha cho-obrachadh a' dol air adhart a-nis a bheir taic do leasachaidhean airson feachd-obrach nam PA.

Gearanan agus Ceartachadh

A thaobh ghearanan, tha e coltach gur e Ministearan na h-Alba seach Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO) a bhiodh os cionn ghearanan. A bheillear an dùil gum bi ròl aig an SPSO?

- Mar bhuidhnean poblach, bidh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta agus na bùird cùraim aice a' tighinn fo sgèith siostam ghearanan Ombudsman Roinn Phoblach na h-Alba (SPSO). Bidh àite nas fharsaingeach aig SPSO ann am pròiseas Gearain is Ceartachaidh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta air a dhearbhadh tro cho-dhealbhachd na Seirbheis Cùraim Nàiseanta le daoine le eòlas beatha. Tha na h-ullachaidhean ann am Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta air an dreachdadh gus co-dhealbhachd brìoghmhor a chur an comas air pròiseas gearain is dìolaidh a tha ruigsinneach, ann an deagh àm agus a tha èifeachdach a bhios ag obair do dhaoine agus chan ann dhan t-siostam.
- Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha buidhnean-stiùiridh leithid an SPSO ann a bhith a' làimhseachadh ghearanan mu chùram sòisealta agus seirbheisean slàinte coimhearsnachd. Mar sin, cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth le buidhnean leithid an SPSO gus seirbheis ghearainean a chruthachadh a bhios a' togail air deagh chleachdadh a th' ann mar-thà, agus aig an aon àm a' libhrigeadh bhuilean co-dhealbhachaidh le daoine le eòlas beatha air cùram sòisealta.

Ciamar a tha thu am beachd modhan gearain is molaidh a dhèanamh ruigsinneach anns a h-uile cànan, BSL nam measg?

- Tha sinn air ar dealas airson dèanamh cinnteach gum bi an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta – a bharrachd air an fheadhainn a tha a' toirt seachad seirbheisean às a leth – a' conaltradh ri daoine ann an dòigh in-ghabhalach a leabachadh ann am prionnsapalan Bile na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.
- Mar sin, bidh sinn a' co-dhealbhachd seirbheis nan gearanan le raon farsaing de dhaoine le feumalachdan agus eòlasan beatha eadar-dhealaichte, a' gabhail a-steach daoine le duilgheadasan mothachaidh gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh fiosrachadh fhaighinn agus iad fhèin a chur an cèill anns na dòighean as fheàrr a fhreagras air na feumalachdan fa-leth aca.

Is cinnteach gu bheil obair-tagradh mu bhith a' toirt cothrom do dhaoine dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn taic agus gun cluinnear an guth/tagradh às an leth seach dìreach gearanan?

- Tha sin ceart. Tha co-ionannachd, neo-lethbhreith agus urram an neach aig cridhe na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha obair-tagradh neo-eisimeileach ann a bhith a' toirt cumhachd do dhaoine an guthan a thogail agus làn chom-pàirt a ghabhail ann an co-dhùnidhean mun chùram aca. Mar sin, cruthaichidh agus cuiridh sinn an gnìomh dòigh-obrach fhreagarrach, dhaingnichte agus chunbhalach a thaobh tagradh neo-eisimeileach thar raon iomlan na Seirbheis Cùraim Nàiseanta.

Feachd-obrach agus Obair Chothromach

Ciamar a nì thu cinnteach gu bheil obair chothromach mar phàirt den t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta? An atharraich na teirmichean is cumhaichean agam ma tha mi air m' fhadhadh leis an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta?

- Tha dealas fad-ùine aig Riaghaltas na h-Alba do phrionnsabalan Obair Chothromach airson roinn a' chùraim shòisealta. Tha sinn làn dhealasach mu bhith a' toirt piseach air obair luchd-obrach cùram sòisealta agus sinn ag aithneachadh agus a' cur luach air an obair a tha iad a' dèanamh. Tron t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta, tha sinn gu bhith a' leantainn air adhart a' cur ri pàigheadh agus teirmean is cumhaichean do luchd-obrach tro bhith a' toirt a-steach barganachadh pàighidh nàiseanta airson na roinne. Ach chan fheith sinn gus an tèid an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a stèidheachadh mus gabh sinn ceuman a dh'ionnsaigh seo.
- Anns a' Ghiblean am-bliadhna, chaidh a' bun-ìre san uair airson an fheadhainn a tha a' toirt seachad cùram sòisealta inbheach dìreach suas gu £10.50 san uair.

Dè na h-ullachaidhean a bhios ann airson Slat-tomhais / Measadh Obrach mar phàirt de phròiseas TUPE no pròiseas sam bith eile, airson luchd-obrach ùghdarrasan ionadail a' gluasad a-null chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta?

- Chan eil e cinnteach an tèid co-dhùnadh gum feum luchd-obrach cùram sòisealta an cosnadh a ghluasad bho riaghaltas ionadail chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. A rèir builean bho dheasbad, co-dhealbhadh agus aontaidhean ionadail, faodaidh ùghdarrasan ionadail cumail orra a' toirt seachad seirbheisean air an coimiseanadh le bùird cùraim ionadail, no faodaidh na seirbheisean agus an luchd-obrach sin gluasad gu bhith air an solarachadh gu dìreach leis a' bhòrd cùraim ionadail.

Carson nach tèid an fheadhainn a tha air am fastadh leis an NHS a ghluasad chun na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, ach gun tèid an fheadhainn a tha air am fastadh le ùghdarrasan ionadail a ghluasad?

- Tha Bùird Slàinte cunntachail do Mhinistearan na h-Alba mar-thà, agus thathar an dùil gun lean iad orra a' toirt seachad seirbheisean slàinte a tha air an coimiseanadh le bùird cùraim ionadail. Tha seo eadar-dhealaichte bhon t-suidheachadh a thaobh taic cùram sòisealta, far a bheil am Bile a' moladh cunntachalachd a ghluasad bho ùghdarrasan ionadail gu Ministearan na h-Alba.

Ciamar a dhèiligeas an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta ri ceistean a thaobh stòrasan?

- Chaidh Ro-innleachd Nàiseanta Luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba airson Slàinte is Cùram Sòisealta fhoillseachadh air 11 Màrt. Tha an Ro-innleachd a' coimhead air slighe an luchd-obrach air fad agus mar as urrainn dhuinn a bhith a' planadh, a' tàladh, a' trèanadh, a' fastadh agus ag àrach an Sgioba-obrach Slàinte is Cùram Sòisealta againn. Tha sinn air a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le ar co-luchd-dèanaimh COSLA agus air a dhol an sàs gu mòr le luchd-ùidh bho air feadh Slàinte is Cùram Sòisealta gus an Ro-innleachd a chruthachadh. Tha an Ro-innleachd a' mìneachadh ar lèirsinn cho-roinnte airson an luchd-obrach – sgioba-obrach seasmhach, sgileil le roghainnean dreuchdail tarraingeach far a bheil spèis agus luach gan toirt dhan a h-uile duine airson na h-obrach a bhios iad a' dèanamh.

Ciamar a nithear cinnteach gum bi trèanadh agus leasachadh ann airson luchd-obrach cùram sòisealta?

- Chaidh am Frèam Inntigidh Nàiseanta airson luchd-inntigidh ùra gu cùram sòisealta a chur air bhog na bu thràithe am-bliadhna, agus tha stuthan rim faighinn air làrach-lìn Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba. Tha barrachd obrach a' dol air adhart gus na stuthan sin a leasachadh agus a leudachadh gus frèam inntigidh làidir a thabhann dhan luchd-obrach cùram sòisealta air fad, ag obair ann an diofar àrainneachdan. A bharrachd air seo, bidh sinn ag obair le sgoiltean, colaistean agus ann an com-pàirteachas le Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba agus Foghlam NHS na h-Alba gus slighean dreuchdail a chruthachadh agus ionnsachadh agus leasachadh àrdachadh do cho-obraichean a tha ag obair ann an cùram sòisealta inbheach. Tha sinn a' gabhail cheumannan gus piseach a thoirt air cumhaichean agus gus tasgadh ann an àrdachadh sgilean agus trèanadh dhan fheachd-obrach cùram sòisealta. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cruthachadh bun-phreantasachdan, nua-phreantasachdan agus goireasan dhaibhsan a tha a' toirt seachad comhairle mu dhreuchdan. Anns a' mheadhan-ùine ag obair le sgoiltean, colaistean agus com-pàirtichean, cruthaichidh sinn slighean dreuchdail taobh a-staigh seirbheisean sòisealta agus eadar seirbheisean sòisealta agus slàinte, tro theisteanas amalaichte a chuireas ri tarraingeachd na roinne agus a bheir slighean soilleir seachad airson adhartas dreuchdail agus leasachadh sgilean agus cleachdadh adhartach.

Dè a nì an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta gus tarraingeachd, agus ìomhaigh, obair ann an roinn a' chùraim a leasachadh?

- Tha an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta ag amas air feachd-obrach sheasmhach, sgileil a bhith aice le roghainnean dreuchdail tarraingeach agus obair chothromach far a bheil spèis agus luach ga thoirt dhan a h-uile duine airson na h-obrach a bhios iad a' dèanamh. Tha obair air tòiseachadh mar-thà gus tasgadh a dhèanamh ann an àrdachadh sgilean agus trèanadh luchd-obrach cùram sòisealta. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' togail mothachaidh air bun-phreantasachdan agus nua-phreantasachdan.

An Treas Roinn

Chan eil iomradh sam bith anns a' Bhile air an eadar-aghaidh eadar bùird cùraim agus an treas roinn. Tha seo na phàirt chudromach de shlàinte is cùram sòisealta. Carson a chaidh am fàgail às?

- Tha ullachaidhean anns a' Bhile a tha a' buntainn ri bùird cùraim, a' gabhail a-steach gum feum co-chomhairle a bhith ann air planaichean Ro-innleachdail agus ro-innleachdan coimiseanaidh beusach ach tha ullachadh ann gun tèid na bùird cùraim a stèidheachadh tro dàrna reachdas, nach gabh a thoirt air adhart ach gus an tèid am Bile aontachadh.
- Tha e a' cur an cèill frèam airson nan atharrachaidhean a tha sinn airson a dhèanamh agus a' toirt chumhachdan do Mhinistearan na h-Alba a bhith ag obair tron mhion-fhiosrachadh, tro phròiseas co-dhealbhadh le luchd-cùraim gun phàigheadh, daoine a gheibh taic agus an fheadhainn a tha ga toirt seachad.
- Tha sinn mar-thà an sàs le Co-bhanntachd Luchd-solair Cùraim is Taic ann an Alba (*Coalition of Care and Support Scotland - CCPS*) mar riochdaire mòr de sholaraichean seirbheisean cùram sòisealta san treas roinn agus tha mòran sholaraichean air a dhol an sàs anns na pròiseasan co-chomhairleachaidh mar-thà, a' gabhail a-steach tachartasan co-òrdanaichte agus a' cho-chomhairle sgrìobhte foirmeil. Tha sinn an dùil am pròiseas co-dhealbhadh a chur air bhog a dh'aithghearr agus tha sinn fhathast a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr gus barrachd com-pàirt a thoirt dhan raon fharsaing de bhuidhnean, a' gabhail a-steach buidhnean treas roinn aig a bheil ùidh ann an cruthachadh na Seirbheis Cùraim Nàiseanta, anns a' phròiseas dealbhaidh.

Ciamar a tha am Bile a' beachdachadh air prìomh àite na treas roinne agus taic stèidhichte sa choimhearsnachd?

- Tha ullachadh anns a' Bhile airson modail de choimiseanadh beusach agus solar beusach a chur an àite nam modailean a th' ann aig an àm seo airson seirbheisean cùraim a choimiseanadh.
- Bidh an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta a' dealbhadh agus a' lìbhrigeadh a seirbheisean gu h-ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt aire do dh'fheumalachdan an neach fa leth agus nan suidheachaidhean ionadail. Gabhaidh seo a-steach leantainn air adhart ag obair le carthannasan speisealach agus solaraichean seirbheisean cùraim san treas roinn.
- Tha Ministearan cuideachd an dùil am Bile a chleachdadh gus cumhachdan a thoirt don t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta cuid de dh'eacarsaichean solarachaidh a ghleidheadh do bhuidhnean san treas roinn.
- Tha raon de chùisean co-cheangailte ri bùird cùraim ionadail na Seirbheis Cùraim Nàiseanta a dh'fheumar a sgrùdadh mar phàirt den phròiseas co-dhealbhadh agus com-pàrteachadh luchd-ùidh a bharrachd, a' gabhail a-steach Ballrachd a' Bhùird, coimiseanadh beusach agus planadh ro-innleachdail agus tha e coltach gum bithear a' coimhead air prìomh àite na treas roinne mar phàirt de seo.

Cuideachd, ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil taic ionmhais dhan treas roinn san fhad-ùine, chan ann san ùine ghoirid?

- Bidh coimiseanadh beusach agus solar beusach na chlach-oisinn a chleachdas an t-Seirbheis Chùraim Nàiseanta gus cumadh a thoirt air co-dhùnaidhean coimiseanaidh is solarachaidh, a' gabhail a-steach coimiseanadh air seirbheisean san treas roinn.
- Tha sinn a' stèidheachadh buidheann-obrach aig an àm seo le prìomh luchd-ùidh gus beachdachadh air leasachaidhean a dh'fhaodar a dhèanamh air a' phròiseas coimiseanaidh làithreach agus gus beachdachadh air raointean de dheagh chleachdadh a dh'fhaodar a thoirt a-steach.
- Tha sruth-obrach 'Cruthachadh Margaidh' ann am Prògram na Seirbheis Cùraim Nàiseanta. Lìbhrigidh am pròiseact seo innealan agus dòighean-obrach airson seirbheisean fhaighinn tro chùmhnanntan, tabhartasan, agus caidreachasan a tha seasmhach a thaobh ionmhais agus a choileanas feumalachdan dhaoine a tha a' faighinn cùram agus feumalachdan nan daoine a tha a' libhrigeadh cùraim. Thèid innealan agus dòighean Cruthachadh Margaidh a dhealbhadh le solaraichean cùram sòisealta san treas roinn agus san roinn phrìobhaidich, coimiseanairean, eòlaichean solarachaidh agus luchd-ùidh eile. Beachdaichidh e air mar a bheirear piseach air seasmhachd ionmhasail nan seirbheisean a th' ann an-dràsta, agus mar a ghabhas seirbheisean nach eil air an tabhann leis a' mhargaidh an-dràsta a dhealbhadh agus a dhèanamh tèarainte ann an dòighean as urrainn do sholaraichean a libhrigeadh.



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri faighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-505-5 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Cèitean 2023.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1211482 (01/23)